

Plana Leasain: An Dàrna Ìre



Prìomh theachdaireachdan



**Stad agus Smaoinich,
Aithnich na Cunnartan**



**Fuirich Còmhla,
Fuirich Faisg**



**Ann an Suidheachadh
Èiginn, cuir fòn gu 999**

Builean ionnsachaidh

Leas: Bi cuimhneachail air tachartasan no bàs co-cheangailte ri uisge a thachair o chionn ghoirid.



- 1 Beachdaich air cunnartan a dh'fhaodadh a bhith ann faisg air uisge no ann an uisge.
- 2 Meòraich air ciamar as urrainn dhomh mi-fhìn agus càch a chumail sàbhailte nuair a thathar anns an uisge no faisg air.

Dh'fhaodte gum bi luchd-cleachdaidh airson sùil a thoirt air **Goireasan na Cìad Ìre** airson diofarachadh fhaicinn. Tha na gnìomhachdan gu h-ìosal so-lùbaidh agus dh'fhaodte gum bi luchd-cleachdaidh airson an atharrachadh a rèir mar a bhios iad gan lìbhrigeadh. Gabhaidh gnìomhachdan a thoirt às agus an cleachdadh mar obair-dachaigh no mar leudachadh air na tha ann a-cheana. Tha a h-uile gnìomhachd stèidhichte air na trì ceumannan ann an **Còd Sàbhailteachd an Uisge**.

Uidheamachd a bhios a dhìth: Plana leasain, PowerPoint, fuaim airson bhidiothan leabaichte.

Uidheamachd roghainneil air am bi feum: Bobhla/mias, uisge fuar, deigh, tubhailt.

Structar leasain	Àireamh na slaighde	Prìomh gnìomhan ionnsachaidh	Cùl-fhiosrachadh	Tuilleadh fiosrachaidh
Builean ionnsachaidh	2			
Stòras Fhaclan	3	Dèan iomradh air an stòras fhaclan air slaighd 2.		Dh'fhaodte gum bi cuid de na faclan feumach air barrachd mineachaidh.

Structar leasain	Àireamh na slaighde	Prìomh ghniomhan ionnsachaidh	Cùl-fhiosrachadh	Tuilleadh fiosrachaidh
Gnìomhachd 1 (Tòiseachadh)	4	Deasbad <ul style="list-style-type: none"> Carson a tha e cudromach a bhith faiceallach timcheall uisge? 	Prìomh phuingean airson deasbad: <ul style="list-style-type: none"> Doimhneachd Teòthachd Tìdeachan-mara msaa Cunnartan falaichte (ceangal ri Còd Sàbhailteachd an Uisge) 	Ceist Dùbhlain: Dè na gnìomhachdan a nithear ann an uisge no faisg air uisge?
Gnìomhachd 2 Stad agus Smaoinich, Aithnich na Cunnartan  Stad agus Smaoinich, Aithnich na Cunnartan	5	Thathar a' toirt ìomhaigh do sgoilearan, air an cur ann an ceithir buidhnean. Bidh buidhnean a' beachdachadh air na leanas: <ul style="list-style-type: none"> Dè na cunnartan a dh'fhaodadh a bhith ann (faicsinneach agus neo-fhaicsinneach)? Bidh na buidhnean a' toirt fios air ais don chlas iomlan.	Prìomh phuingean airson deasbad: <p>Ìomhaigh 1 Tha e math gu bheil an teaghlach còmhla, a' toirt an aire do na soidhnichean agus ullamh airson na sìde agus an latha a bhios romhpa. Cha bu chòir uidheaman so-shèidte a chleachdadh aig an tràigh – dh'fhaodadh a' ghaoth an t-uidheam agus am pàiste a shèideadh a-mach gu muir. Cha bu chòir clann fhàgail gun sùil ga cumail orra.</p> <p>Ìomhaigh 2 Cùm air falbh bhon oir. Tha duilleagan fliucha sleamhnach. Tha e math gu bheil iad air aodach freagarrach a chur orra agus gu bheil iad a' fuireach còmhla. Bu chòir dhaibh sùil a thoirt air soidhnichean sàbhailteachd agus uidheamachd-teasairginn phoblach.</p> <p>Ìomhaigh 3 Tha e cunnartach a bhith a' coiseachd air a' chidhe air latha gaothach. Cùm fada air falbh bhon oir. Bu chòir coin a chumail air thaod. Tha e math gu bheilear air aodach freagarrach a chur orra.</p> <p>Ìomhaigh 4 Na coisich air an deigh uair sam bith – chan eil dòigh ann airson dèanamh a-mach am bi i a' giùlan do chuideim. Fàg am ball-coise an sin. Tha e math gu bheil an teaghlach a' fuireach còmhla agus gu bheil aodach freagarrach orra.</p>	Susbaint taice: Clò-bhuail na h-ìomhaighean leis na ceistean fodhpa airson na buidhnean a bhith ag obair orra. Tha na gnìomhan a dh'fhaodadh an suidheachadh a dhèanamh nas sàbhailte a' gabhail a-steach: an teaghlach a' fuireach faisg còmhla; an gille agus an t-athair a' leughadh an t-soighne ri chèile; msaa)
Gnìomhachd 3 Fuirichibh Còmhla, Fuirichibh Faisg  Fuirich Còmhla, Fuirich Faisg	6	Stiùir deasbad air carson a tha e nas sàbhailte a bhith a' fuireach còmhla/gun a bhith nad aonar nuair a tha thu ann an uisge no faisg air. <p>Bidh gach buidheann a' coimhead air ìomhaigh eadar-dhealaichte bhon ghniomh mu dheireadh agus a' planadh latha a-mach aig àite den t-seòrsa sin, a' beachdachadh air sàbhailteachd uisge le bhith a' cleachdadh na teamplaid a thugadh seachad.</p>	Prìomh phuingean air am bu chòir do sgoilearan beachdachadh: <ul style="list-style-type: none"> Tuairmse sìde – aodach freagarrach/biadh is deoch iomchaidh. Nithean a bu chòir a thoirt leat (no nach bu chòir – cha bu chòir uidheam so-shèidte a thoirt leat don tràigh uair sam bith). Fòn-làimhe air a theàirdseadh. A' fuireach còmhla le caraidean/inbheach. 	Susbaint taice: Teamplaid airson cuairt a phlanadh: fòn, бага, daoine ann am buidheann, a' fuireach còmhla ri inbheach no na caraidean agad, an uidheamachd cheart.

Structar leasain	Àireamh na slaighde	Prìomh ghniomhan ionnsachaidh	Cùl-fhiosrachadh	Tuilleadh fiosrachaidh
Geàrr-chunntas nam puingean gu ruige seo	7	<p>Seall youtube.com/watch?v=LNtJmB7EK9g</p> <p>Thoir geàrr-chunntas air an dà chiad phuing ann an Còd Sàbhailteachd an Uisge:</p> <ol style="list-style-type: none"> 1 Stad agus Smaoinich, Aithnich na Cunnartan 2 Fuirichibh Còmhla, Fuirichibh Faisg 	<p>Còd Sàbhailteachd an Uisge ri fhaotainn an seo – Còd Sàbhailteachd an Uisge (education.gov.scot)</p> <p>Prìomh phuingean bhon bhidio: dh'fhaodadh an t-uisge ann am pàirt sam bith de dh'Alba a bhith gu cunnartach fuar agus comasach air clisgeadh bho uisge fuar adhbharachadh. Dh'fhaodadh gu bheil cunnartan am falach fo uachdar an uisge; fuirich còmhla gus a bhith nas sàbhailte; fleodraich ann an cumadh rionnaige ma tha thu a' tuiteam ann; cuir fòn gu 999 ann an suidheachadh-èiginn.</p>	
<p>Gnìomhachd 4</p> <p>Clisgeadh bho uisge fuar</p> <p><i>Gnìomhachd Roghainneil</i></p>	8	<p>Tha sgoilearan a' tairgse gus pàirt a ghabhail ann an gnìomhachd clisgeadh bho uisge fuar – a' cur an làmh ann an uisge fuar (fad 60 diog).</p> <ul style="list-style-type: none"> Dè cho fada 's a tha iad a' smaointinn gun cùm iad an làmh ann? Ciamar a tha e a' faireachdainn nuair a tha do làmh ann an uisge fuar is deigh? A bheil iad a' mothachadh gu bheil atharrachaidhean sam bith ann? A bheil an làmh a' fàs fuar-rag no ag atharrachadh gu dath eadar-dhealaichte? Sgrìobh facal air duilleag pàipeir ro bhogadh ann an uisge fuar agus an dèidh bogadh ann an uisge fuar, agus thoir fa-near an t-eadar-dhealachadh. <p>Deasbad: Dè tha a' ghnìomhachd seo ag innse dhuinn mu dheidhinn uisge glè fhuar?</p> <p>Deasbad: Ciamar a bhiodh e a' faireachdainn (gu corporra agus gu faireachail) nam biodh do bhodhaig iomlan ga tumadh ann an uisge fuar?</p>	<p>Bidh a' ghnìomhachd a' sealltainn dhaibh èifeachdan uisge fuar. B' fheàrr gun robh a' ghnìomhachd ga dèanamh le daoine òga. Far nach eil e comasach a' ghnìomhachd seo a chur air dòigh, beachdaich air clisgeadh bho uisge fuar, mar a chunnacas sa bhidio mu dheireadh.</p> <p>Prìomh phuingean airson deasbad:</p> <ul style="list-style-type: none"> Fleodraich (mar chrosgag): ma thuiteas tu no ma landas tu ann an uisge fuar. An àite feuchainn ri snàmh, rach air fleod air do dhruim airson 60 diog. Nuair a tha thu a' faireachdainn socrach, èigh airson cuideachadh no snàmh gu sàbhailteachd. 	

Structar leasain	Àireamh na slaighde	Prìomh ghniomhan ionnsachaidh	Cùl-fhiosrachadh	Tuilleadh fiosrachaidh
Gnìomhachd 5 Ann an Suidheachadh-èiginn Cuir fòn gu 999  Ann an Suidheachadh Èiginn, cuir fòn gu 999	9	Pàirt 1: Dèan iomradh air slaighd 9: Cairt 1: Na cuir fòn gu 999 Cairt 2: Cuir fòn gu 999 Cairt 3: Cuir fòn gu 999 Cairt 4: Cuir fòn gu 999	Prìomh phuingeann: Cairt 1: Na cuir fòn gu 999. Bu chòir dhaibh am bàlla fhàgail agus gun a dhol a-steach san uisge. Cairt 2: Cuir fòn gu 999. Cha bu chòir dhaibh a dhol a-steach dhan uisge gus an cù a chuideachadh. Cairt 3: Cuir fòn gu 999. Na rach a-steach don uisge. Brosnaich iad fleodradh air an druim agus rudeigin a lorg a bhios gan cuideachadh (rud sam bith fleodragach) fhad 's a tha iad a' feitheamh ri seirbheisean-èiginn. Cairt 4: Cuir fòn gu 999. Na rach a-steach don uisge. Leig fios do na sgoilearan nach bi iad ann an trioblaid airson fòn a chur gu 999. (Cuir nan cuimhne nach bu chòir dhaibh fòn a chur gu 999 mar phlòigh uair sam bith). Na rach a-steach don uisge.	Roghainneil: Cruthaich sanas a tha a' toirt rabhadh/a' cur cuideam air na cunnartan an lùib uisge.
A' cur fòn gu 999	10	Pàirt 2: Cluich fòn feallsa ga chur gu 999 (youtube.com/watch?v=Ma6z3Ve91qE) . Deasbad air fòn gu 999: <ul style="list-style-type: none"> • A bheil an neach a tha a' cur fòn gu 999 socair? • A bheil an neach a tha a' cur fòn gu 999 a' toirt tuairisgeul air na thachair? • A bheil an neach a tha a' cur fòn gu 999 a' mìneachadh càit a bheil iad? • A bheil iad a' fuireach leis an neach, gun a bhith a' dol a-steach san uisge? • Dè tha an neach ag ràdh gum bi iad a' dèanamh mar an ath cheum? 	Prìomh Theachdaireachdan: <ul style="list-style-type: none"> • Cuir fòn gu 999. • Na rach a-steach don uisge. • Fuirich còmhla ris an neach gus an ruig na seirbheisean-èiginn iad. • San eadraiginn, feuch ri misneachadh a thoirt don neach a tha san uisge. • Cleachd uidheamachd-teasairginn, ma tha a leithid ann, no tilg rudeigin eile a bhios a' fleodradh, leithid bàlla. 	
Slaighd ath-shùil: 'Ann an Suidheachadh-èiginn'	11	Slaighd a bhios a' toirt ath-shùil air teachdaireachdan 'Ann an Suidheachadh-èiginn' a' gabhail a-steach fleodraich.	Thoir ath-shùil air an ionnsachadh uile bho ghniomhachd 5. Faodaidh sgoilearan 'Fleodraich airson a bhith Beò' a chleachdadh air an làr no nan seasamh.	

Structar leasain	Àireamh na slaighde	Prìomh ghniomhan ionnsachaidh	Cùl-fhiosrachadh	Tuilleadh fiosrachaidh
Gnìomhachd 6 Làn-choinneamh	12	Ceisteachan: 1. Meallta 2. Ceart 3. Ceart 4. Ceart 5. Ceart 6. Ceart 7. Ceart		
Geàrr-chunntas agus ceistean	13	<ul style="list-style-type: none"> 3 Trì nithean a dh'ionnsaich mi an-diugh. 2 Dà nì as urrainn dhomh innse do chuideigin mu dheidhinn sàbhailteachd uisge. 1 Aon cheist a tha fhathast agam. 		